



Plana Sabhal Mòr Ostaig airson Pàrant Corporra 2022-2025

Ro-ràdh

'S e ionad air leth sònraichte a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig, a tha a' tairgse chùrsaichean inntrigidh, adhartach, fo-cheumnach is iar-cheumnach agus iad uile tro mheadhan na Gàidhlig. Tha a' Cholaiste am measg nan ionadan acadaimigeach com-pàirteach a bha an sàs ann a bhith a' stèidheachadh Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (UHI) agus 's sinne a' phrìomh ionad com-pàirteach le uallach airson a bhith a' stiùireadh is a' libhrigeadh nan cùrsaichean Gàidhlig is tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre fho-cheumnach is iar-cheumnach a gheibhear aig UHI. Tha a' Cholaiste a' tairgse taghadh iomlan de phrògraman aig diofar ìrean SCQF, agus faodar na cùrsaichean seo a dhèanamh air làrach na Colaiste no air astar.

Tha Sabhal Mòr Ostaig air a chomharrachadh fon lagh mar phàrant corporra fo Phàirt 9 de dh'Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. San latha an-diugh, tha tòrr de chloinn a tha fo chùram no daoine òga a tha air suidheachadh cùraim fhàgail a' fulang le cuid de na builean pearsanta as miosa a gheibhear ann an Alba an coimeas ri buidhnean eile de dhaoine. Nuair nach eil daoine a' soirbheachadh ann am foghlam no a' dol an sàs ann am foghlam mar a bu chòir, tha iad buailteach, mar thoradh air sin, a bhith a' fulang fo bhoichdainn mhòir, le droch shlàinte-inntinn agus faodaidh iad a bhith gun dachaigh.¹ Am measg nan nithean a chuireas bacadh air foghlam dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram tha: cion maoineachaidh, gun a bhith a' frithealadh na sgoile fad an t-siubhail, suidheachadh cugallach san dachaigh aca, agus nuair a tha iad a' tòiseachadh air foghlam adhartach is àrd-ìre aig aois nas sine na daoine òga eile nach eil air a bhith fo chùram.

Thèid am plana seo a chur an gnìomh còmhla ri plana UHI gus dleastanasan a' chom-pàirteachais a choileanadh, agus mar phàirt de seo, bidh Sabhal Mòr Ostaig a' dèanamh gach oidhirp gus ealla a ghabhail ri cùisean a dh'fhaodadh cron a dhèanamh air math dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram.

Pàrant Corporra

Seo am mìneachadh air na nì pàrant corporra, "Na gnìomhan a dh'fheumas buidheann a dhèanamh gus dìon a chur air còraichean is math pàiste a tha fo chùram no neach òg a tha air suidheachadh cùraim fhàgail, agus tron cuir iad taic ri leasachadh corporra, faireachail, spioradail is foghlaim nan daoine sin."²

Tha an Achd a' fàgail dleastanas air a h-uile Oilthigh is Colaiste gus plana ullachadh san seall iad ciamar a bheir iad taic do dhaoine òga a tha air suidheachadh cùraim fhàgail agus clann is daoine òga a tha fo chùram agus ciamar a choileanas iad gach dleastanas a th' aca mar phàrant corporra. A rèir na h-Achd, 's e a th' ann an neach òg a tha air suidheachadh cùraim fhàgail, neach a bha 'fo chùram' suas chun an ama nuair a ràinig iad aois 16 agus a tha air suidheachadh cùraim fhàgail. Fon reachdas ùr, faodar a-nis beachdachadh air neach mar neach a tha air suidheachadh cùraim fhàgail suas chun an ama nuair a ruigeas iad aois 26.

¹ Riaghaltas na h-Alba (air a foillseachadh gach bliadhna) *Staitistearachd Obrach Sòisealta airson Clann*, Dùn Èideann; Meltzer, H, et al (2004) *The mental health of young people looked after by local authorities in Scotland*, Lunnainn: TSO.

² Mìneachadh bhon Stiùireadh Reachdail do Phàrantan Corporra (2015), td.7

Cuideachd, ullaichidh Sabhal Mòr Ostaig aithisgean mionaideach air gnìomhan is builean a' phlana seo, obraichidh sinn còmhla ri pàrantan corporra eile, agus bheir sinn fiosrachadh buntainneach do Mhinistearan na h-Alba.

Thathar a' toirt fa-near gur ann an urra ris a' bhuidhinn air fad a tha e ar dleastanasan mar phàrant corporra fon Achd a choileanadh, agus chan ann dìreach ri daoine no sgiobaidhean sònraichte.

Ar Lèirsinn

Tha Sabhal Mòr Ostaig air cur romhainn dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga a tha air a bhith fo chùram làn-thaic bhuainne rè na h-ùine a bhios iad còmhla rinn, gus an urrainn dhaibh soirbheachadh anns a' chùrsa aca agus gus am faigh iad tlachd is buannachdan às an ionnsachadh a nì iad an seo. Tha an taic seo a' leantainn seachad air an latha a cheumnaicheas iad, agus bithear a' tairgse taic, airson ùine shuidhichte, gus daoine a chuideachadh le bhith a' toirt dreuchd a-mach agus a' coileanadh nan amasan obrach aca.

A thuilleadh air an taic do dh'oileanaich a tha air a bhith fo chùram, nì Sabhal Mòr Ostaig cinnteach gum faigh luchd-obrach cothroman is stuthan trèanaidh a bheir fiosrachadh dhaibh air na duilgheadasan a dh'fhaodadh a bhith aig leithid a dh'oileanaich agus a nì cinnteach gun urrainn do luchd-obrach taic phractaigeach a thoirt dhaibh.

Gus ar cinn-uidhe a choileanadh, cumaidh sinn oirnn aig Sabhal Mòr Ostaig ag obair gu dlùth còmhla ri buidhnean freagarrach eile agus còmhla ri ar luchd-compàirt acadaimigeach. Taobh a-staigh na Colaiste, leanaidh an obair ullachaidh is cho-chomhairleachaidh tro obair na Buidhne Cùraim a nì aithris do Bhuidheann Stiùiridh SMO le fiosrachadh buntainneach mu reachdas is modhan-obrach.

Raon	Slatan-tomhais	Na tha a’ tachairt an-dràsta	Gnìomhan	An urra ri	Clàr-ama	Builean a thathar a’ sùileachadh	Dleastanas Pàrant Corporra	Adhartas
A’ stiùireadh is a’ libhrigeadh a' phlana/nam builean	A’ sìor thoirt leasachadh air na tha sinn a’ dèanamh airson oileanaich a tha air a bhith fo chùram	Gheibh Sabhal Mòr Ostaig fios air leasachaidhean is atharraichean buntainneach bho Bhuidheann UHI airson Daoine a tha air Suidheachadh Cùraim Fhàgail a bhios a’ dèanamh co-chonaltradh ri buidhnean eile leithid Cò Ghabhas Cùram? Alba, CELCIS, agus Lìonra Leasachaidh nan Colaistean, agus le sin nithear cinnteach gu bheil sinn a’ faighinn fiosrachadh mu na sàr mhodhan-obrach is cothroman trèanaidh as ùire.	1. A’ frithealadh coinneamhan na Buidhne airson Daoine a tha air Suidheachadh Cùraim Fhàgail agus gnìomhan co-cheangailte ri sin. An lùib nan coinneamhan sin bithear a’ co-phàirteachadh shàr mhodhan-obrach, a’ bruidhinn air cùisean a bheir buaidh air oileanaich a tha air a bhith fo chùram, agus air cothroman trèanaidh freagarrach do luchd-obrach. Bidh a' bhuidheann a’ coinneachadh dà thuras sa bhliadhna.	Ceannard nan Seirbheisean Taice Co-òrdanaiche airson Seirbheisean is Co-chonaltradh Oileanach	A’ leantainn	Gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca agus gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram	58:1 (a) gun gabhar ealla ri cùisean a nì cron, no a dh’fhaodadh cron a dhèanamh, air math na cloinne is nan daoine òga dham buin am Pàirt seo 58:1 (f) gun dèanar gnìomhan gus dèanamh cinnteach gum bi iad nam pàrant corporra nas fheàrr	A' leantainn
			2. A’ co-phàirteachadh shàr mhodhan-obrach taobh a-staigh Sabhal Mòr Ostaig agus air feadh a’ chom-pàirteachais (tro Bhuidheann UHI airson Daoine a tha air Suidheachadh Cùraim Fhàgail)	Ceannard nan Seirbheisean Taice Co-òrdanaiche airson Seirbheisean is Co-chonaltradh Oileanach	A’ leantainn	Gum bi co-obrachadh is conaltradh nas fheàrr ann air feadh a’ chom-pàirteachais airson dèanamh cinnteach gu bheil taic cho-ionann ann do dh’oileanaich a tha air a bhith fo chùram	58:1 (f) gun dèanar gnìomhan gus dèanamh cinnteach gum bi iad nam pàrant corporra nas fheàrr 60:2 (a,b,c) gun co-phàirtichear fiosrachadh, gun toirear comhairle no taic seachad agus gun tèid gnìomhan a cho-òrdanachadh	Aithrisean cunbhalach dhan Bhuidhinn Chùraim
			3. A’ beachdachadh air oileanaich a tha air a bhith fo chùram nuair a thathar ag ullachadh phlanaichean ro-innleachdail is obrach	An Sgioba Stiùiridh	A’ leantainn	Gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca agus gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram	58:1 (c) gun cuirear taic ri math na cloinne is nan daoine òga dham buin am Pàirt seo	Chaidh iomradh a thoirt air ann an Aonta Bhuilean na Colaiste
			4. A’ leudachadh air dleastanasan Buidheann Dìon na Colaiste gus a bhith a’ gabhail a-steach dhleastanasan airson Pàrant Corporra	Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim	Dèanta	Gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca agus gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram	58:1 (a) gun gabhar ealla ri cùisean a nì cron, no a dh’fhaodadh cron a dhèanamh, air math na cloinne is nan daoine òga dham buin am Pàirt seo 58:1 (f) gun dèanar gnìomhan gus dèanamh cinnteach gum bi iad nam pàrant corporra nas fheàrr	Dèanta

			5. A' cur trèanadh freagarrach air dòigh do luchd-obrach	Stiùiriche nan Cùisean Corporra	Dùbhlachd 2017	Gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca agus gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram agus nithear cinnteach gun tachair sin le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach nas mothachail air leithid a dh'òileanaich is na feumalachdan aca	58:1 (a) gun gabhar ealla ri cùisean a nì cron, no a dh'fhaodadh cron a dhèanamh, air math na cloinne is nan daoine òga dham buin am Pàirt seo 58:1 (f) gun dèanar gnìomhan gus dèanamh cinnteach gum bi iad nam pàrant corporra nas fheàrr	Modal trèanaidh air-loidhne, a tha riatanach airson luchd-obrach UHI agus airson luchd-obrach aig a' mhòr-chuid de na h-ionadan acadaimigeach com-pàirteach. Cumaidh Fòram nam Buidhnean air a bheil Prìomhachas orra a' cumail sùil air feumalachdan trèanaidh.
A' cur taic ri amasan is miannan dhaoine agus co-chonaltradh mus tòisich oileanaich	A' tarraing aire dhaoine gu na seirbheisean taice a th' ann do dh'òileanaich a tha air a bhith fo chùram	Tha SMO air duilleag a chruthachadh airson Daoine a tha air Suidheachadh Cùraim Fhàgail air ar làrach-lìn, sam faighear fiosrachadh air an taic a gheibh oileanaich a tha air a bhith fo chùram an dà chuid bhon oilthigh agus bhon Cholaiste fhèin, agus gheibhear fiosrachadh-conaltraidh an sin cuideachd. Cuideachd, gheibhear ceanglaichean ri buidhnean buntainneach.	6. A' cur ann fiosrachadh-conaltraidh airson Sheirbheisean Oileanach agus ceangal ris an duilleig aig UHI airson Fiosrachadh do Dhaoine a tha air Cùram Fhàgail.	Ceannard nan Seirbheisean Taice	Dèanta	Gum bi barrachd dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram a' cur a-steach airson chùrsaichean agus gum bi daoine nas mothachail air na seirbheisean is taic a gheibh iad	58:1 (e) gum bi iad a' gabhail chothroman is a' cleachdadh sheirbheisean	Dèanta

		Tha diofar sheirbheisean aig Sabhal Mòr Ostaig agus bheir sinn taic a bharrachd do dh'oileanaich a tha air a bhith fo chùram nuair a bhios sin a dhith orra.	7. A' tarraing aire dhaoine gu na seirbheisean a th' aig Sabhal Mòr Ostaig airson oileanaich a tha air a bhith fo chùram.	Ceannard nan Seirbheisean Taice Co-òrdanaiche airson Seirbheisean is Co-chonaltradh Oileanach	A' leantainn	Gum bi barrachd dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram a' cur a-steach airson chùrsaichean agus gum bi daoine nas mothachail air na seirbheisean is taic a gheibh iad	58:1 (e) gum bi iad a' gabhail chothroman is a' cleachdadh sheirbheisean	A' leantainn
Iarrtasan	A' stèidheachadh mhodhan-obrach airson iarrtasan a bheir barrachd chothroman do dhaoine a tha air suidheachadh cùraim fhàgail a dhol a-steach gu Foghlam Àrd-ìre	Ma dh'innseas oileanaich gu bheil iad air a bhith fo chùram nuair a chuireas iarrtas a-steach, thèid sin a chomharrachadh san t-siostam rianachd agus air an fhoirm-iarrtais. Le seo, gheibh an t-agallaiche/an neach a nì co-dhùnadh fios mu shuidheachadh an oileanaich agus faodaidh iad ealla a ghabhail ri sin.	8. A' dèanamh ath-sgrùdadh air na faclan ann am foirmichean-iarrtais gus am bi iad cho taiceil 's as urrainn, a' gabhail a-steach cheistean buntainneach anns a h-uile foirm-iarrtais. A' toirt piseach air co-chonaltradh eadar sgioba nan iarrtasan agus Seirbheisean Oileanach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' comharrachadh dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram agus gun toirear fiosrachadh seachad ann an dòigh èifeachdach. A' dèanamh cinnteach gun urrainn do dh'oileanaich a tha air a bhith fo chùram innse mu dheidhinn sin nuair a tha iad a' cur a-steach airson maoineachadh roghnach.	Sgioba nan Iarrtasan	A' leantainn	Modhan-obrach airson iarrtasan a tha air an dealbh gus cuideachadh le bhith a' stèidheachadh barrachd chothroman	58:1 (c) gun cuirear taic ri math na cloinne is nan daoine òga dham buin am Pàirt seo	Ga chur an gnìomh
			9. A' dèanamh cinnteach gu bheil tuigse shoilleir aig Luchd-obrach Acadaimigeach, le dleastanasan airson iarrtasan, air poileasaidh na Colaiste a thaobh barrachd chothroman do dh'oileanaich a tha air a bhith fo chùram.	Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim	A' leantainn	Modhan-obrach airson iarrtasan a tha air an dealbh gus cuideachadh le bhith a' stèidheachadh barrachd chothroman	58:1 (c) gun cuirear taic ri math na cloinne is nan daoine òga dham buin am Pàirt seo	A' leantainn
Mus tòisich	A' toirt seachad fiosrachadh aig an àm cheart mu mhaoineachadh airson chùrsaichean (Foghlam Àrd-ìre).	Tha duilleagan aig a' Cholaiste air ar làrach-lìn le fiosrachadh mu mhaoineachadh, far am faighear fiosrachadh air an taic ionmhasail a th' ann dhan a h-uile oileanach, a' gabhail a-steach iadsan a tha air a bhith fo chùram.	10. A' cur fiosrachadh air an làrach-lìn a tha gu sònraichte a' buntainn ris a' Cholaiste. A' dèanamh sanasachd air na duilleagan-lìn, agus air sgeama nam bursaraidhean fa leth agus air sgoilearachdan mar as iomchaidh.	Sgioba nan Iarrtasan Sgioba nan Seirbheisean Taice Comataidh nan Sgoilearachdan	A' leantainn	Gum bi barrachd dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram a' cur a-steach airson chùrsaichean	58:1 (d) gum bithear a' cur chothroman air dòigh dhan chloinn is na daoine òga sin a bhith 58:1 (e) a' gabhail chothroman is a' cleachdadh sheirbheisean agus a' gabhail pàirt ann an gnìomhan a tha air an dealbh gus taic a chumail ri am math fhèin	A' leantainn
	A' dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig oileanaich a tha air a bhith fo chùram air stuthan feumail a bheir comhairle is stiùireadh dhaibh mus tòisich iad	Tha a' Cholaiste air goireas air-loidhne a chruthachadh, Sgìlean Oileanaich Riatanach, far am faighear modal as urrainn do dhaoine a dhèanamh mus tòisich iad. Le sin, gheibhear fiosrachadh mun oilthigh, mu bhith a' smaoineachadh mu ionnsachadh, ionnsachadh com-pàirteach, agus fiosrachadh do dhaoine a tha a' dèanamh ionnsachadh co-mheasgaichte airson a' chiad ùr. Tha am fiosrachadh sin uile airson oileanaich mus tòisich iad.	11. A' cur fios chun a h-uile neach-iarrtais a tha air a bhith fo chùram taobh a-staigh trì seachdainean bhon latha air an do ghabh iad ri tairgse gus fàilte a chur orra agus mineachadh a thoirt dhaibh air na seirbheisean, a' gabhail a-staigh a' mhodail air-loidhne aig an Oilthigh, Sgìlean Ionnsachaidh Riatanach.	Co-òrdanaiche airson Seirbheisean is Co-chonaltradh Oileanach Ceannard nan Seirbheisean Taice	A' leantainn	Gum bi barrachd dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram a' cur a-steach airson chùrsaichean agus gum bi àireamhan nas motha de dh'oileanaich a' fuireach air a' chùrsa aca às dèidh dhaibh tòiseachadh air	58:1 (e) gum bi iad a' gabhail chothroman is a' cleachdadh sheirbheisean	A' leantainn

oileanaich	A' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig oileanaich a tha air a bhith fo chùram air àite-fuirich freagarrach	Tha àiteachan-fuirich aig a' Cholaiste a ghabhas suas ri 85 oileanaich rè ùine na teirm.	12. A' dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan-fuirich rim faotainn airson 365 latha sa bhliadhna do dh'oileanaich a tha air a bhith fo chùram. Tha an t-oilthigh cuideachd air aontachadh a bhith mar neach-urrais do dh'oileanaich a tha air a bhith fo chùram mura h-urrainn dhan ùghdarras ionadail aca an dleastanas sin a ghabhail os làimh. Feumar sùil a chumail air na modhan-obrach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' frithealadh air feumalachdan dhaoine ann an deagh àm.	Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim Ceannard nan Seirbheisean Taice Manaidsear na h-Aoigheachd	A' leantainn	Gum bi barrachd dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram a' cur a-steach airson chùrsaichean; gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram agus gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca	58:1 (c) gun cuirear taic ri math na cloinne is nan daoine òga dham buin am Pàirt seo 58:1 (e) gum bi iad a' gabhail chothroman is a' cleachdadh sheirbheisean	A' leantainn

	A’ dèanamh cinnteach gu bheil fios aig a h-uile neach-obrach air na dleastanasan is modhan-obrach a th’ ann air feadh pròiseas nan iarrtasan airson oileanaich a tha air a bhith fo chùram	A’ dèanamh cinnteach gu bheil fios aig a h-uile neach-obrach air na dleastanasan is modhan-obrach a th’ ann air feadh pròiseas nan iarrtasan airson oileanaich a tha air a bhith fo chùram	13. A’ dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach, le dleastanasan buntainneach, air na dleastanasan aca agus gu bheil modhan-obrach is pròiseasan soilleir ann.	Ceannard nan Seirbheisean Taice Sgioba nan Iarrtasan	A’ leantainn	Gum bi barrachd dhaoine òga a tha air a bhith fo chùram a’ cur a-steach airson chùrsaichean agus gum bi daoine nas mothachail air na seirbheisean is taic a gheibh iad	58:1 (e) gum bi iad a' gabhail chothroman is a’ cleachdadh sheirbheisean	Modal trèanaidh air-loidhne, a tha riatanach a-nis airson luchd-obrach UHI agus airson luchd-obrach aig a’ mhòr-chuid de na h-ionadan acadaimigeach com-pàirteach. Cuirear seiseanan trèanaidh le daoine bhon taobh a-muigh air dòigh.
Taic nuair a tha oileanaich air a’ chùrsa aca	Bheir Oide Acadaimigeach Pearsanta no Comhairliche (PAT) taic a bharrachd do dh’oileanaich a tha air a bhith fo chùram	Bidh SMO a’ co-òrdanachadh na taice is an trèanaidh a gheibh Oidean Acadaimigeach Pearsanta a tha stèidhichte air feadh an lìonra. Faodaidh oileanaich a tha air bhith fo chùram fios a chur chun PAT aca mu dhiofar chùisean agus ‘s urrainn dha na h-Oidean taic acadaimigeach agus fios mu sheirbheisean taice a bharrachd a thoirt seachad.	14. Ag ùrachadh ghoireasan air-loidhne do dh’Oidean Acadaimigeach Pearsanta nuair a dh’fheumar airson dèanamh cinnteach gum bi iad freagarrach agus feumail. A’ cur làithean trèanaidh is leasachaidh air dòigh. A’ co-phàirteachadh dheagh mhodhan-obrach, fiosrachadh buntainneach, agus bidh sinn ann airson dèiligeadh ri ceistean bhuapa is conaltradh a dhèanamh riutha. Bidh sinn a’ toirt comhairle seachad a thaobh mar a thèid nan Oidean Acadaimigeach Pearsanta a stiùireadh.	Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim	A’ leantainn	Gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram agus gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca	a’ gabhail pàirt ann an gnìomhan a tha air an dealbh gus taic a chumail ri am math fhèin	Seisean PAT mar phàirt dhen phrògram airson na Seachdain Leasachaidh do Luchd-obrach
	Cothrom air seirbheis chomhairleachaidh air-loidhne	Tha Sabhal Mòr Ostaig air seirbheis chomhairleachaidh air-loidhne a stèidheachadh, a dh’fhaodas oileanaich a chleachdadh. Le seo, faodaidh oileanaich a tha air a bhith fo chùram taic a bharrachd fhaotainn, às bith càite a bheil iad.	15. A’ cumail oirnn a’ tabhainn nan seirbheisean comhairleachaidh air-loidhne aig Sabhal Mòr Ostaig agus a’ tarraing aire dhaoine gu na seirbheisean seo ann am pasgain fhiosrachaidh do dh’oileanaich agus air an làrach-lìn.	Neach-comhairliche na Colaiste Ceannard nan Seirbheisean Taice	A’ leantainn	Gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram agus gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca		Dèanta
Conaltradh	A’ tarraing aire dhaoine gu na dleastanasan aig Pàrant Corporra agus a’ cur trèanadh air dòigh do luchd-obrach A’ dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh air a h-uile seòrsa taice a gheibh daoine a tha air a bhith fo chùram ri fhaotainn air-loidhne	Tha an t-oilthigh ag obair le buidhnean eile gus modal trèanaidh air-loidhne a chruthachadh do luchd-obrach a thaobh Phàrantan Corporra. Gheibhear fiosrachadh mu thaic do dh’oileanaich, a’ gabhail a-steach daoine a tha air a bhith fo chùram, air làrach-lìn SMO. Tha fios aig luchd-obrach taic oileanach gu bheil taic a bharrachd ann do dh’oileanaich a tha air a bhith fo chùram agus gum bithear a’ gabhail ealla shònraichte ri an cuid fheumalachdan.	16. A’ dèanamh cinnteach gun dèan a h-uile neach-obrach an trèanadh a thèid a thabhainn leis an oilthigh. Bu chòir a dhèanamh follaiseach ann an stuthan margaidheachd gu bheil a’ Cholaiste a’ toirt taic do luchd-ionnsachaidh a tha feumach air taic is dìon a bharrachd.	An Ceannard Sgiobachd Am Manaidsear Margaidheachd Ceannard nan Seirbheisean Taice	A’ leantainn	Gum faigh oileanaich barrachd tlachd is bhuannachdan às an ionnsachadh aca agus gum bi ìrean gleidhidh nas fheàrr ann a thaobh oileanaich a tha air a bhith fo chùram agus nithear cinnteach gun tachair sin le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach nas mothachail air leithid a dh’oileanaich is na feumalachdan aca	58:1 (f) gun dèanar gnìomhan gus dèanamh cinnteach gum bi iad nam pàrant corporra nas fheàrr	Modal trèanaidh air-loidhne, a tha riatanach a-nis airson luchd-obrach UHI agus airson luchd-obrach aig a’ mhòr-chuid de na h-ionadan acadaimigeach com-pàirteach.
Ath-sgrùdadh air a’ phlana/na builean	A’ coileanadh riatanasan an Riaghaltais a thaobh a bhith ag aithris air Planaichean/Gnìomha n airson Pàrant Corporra	Ullaichidh an t-oilthigh aithisg gach trì bliadhna sam bi fiosrachadh air a’ Phlana airson Pàrant Corporra agus air na gnìomhan sa phlana sin.	17. A’ cumail ri siostam sgrùdaidh is ath-sgrùdaidh an oilthigh gus cumail ri riatanasan reachdail.	Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim Ceannard nan Seirbheisean Taice	Samhain 22	A’ cumail ri riatanasan reachdail	59:1 gus plana ullachadh, is ath-sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh air 59:3 gus plana fhoillseachadh	A’ leantainn
		Ullaichidh an t-oilthigh aithisg gach trì bliadhna sam bi fiosrachadh air a’ Phlana airson Pàrant Corporra agus air na gnìomhan sa phlana sin.	18. Ag ullachadh aithisg air a’ Phlana dhan Sgioba Stiùiridh airson a’ Mhàirt 2018.	Iar-Stiùiriche an Fhoghlaim	A’ leantainn	A’ cumail ri riatanasan reachdail	59:1 gus plana ullachadh, is ath-sgrùdadh cunbhalach a	A’ leantainn

							dhèanamh air 59:3 gus plana fhoillseachadh	
Air ùrachadh mu dheireadh air: 08/11/2022 KNA								